

A bheil thu nad mhàladair ùghdarrais ionadail no buidhne taigheadais? Ma tha, bu chòir dhut a’ bhileag seo a leughadh. Tha Achd Taigheadais (Alba) 2001 a’ toirt a-steach grunn atharraichean cudthromach air do chòirichean gabhaltais, a thig gu buil air 30 Sultain 2002. Bhon àm seo, thig gabhaltas tèarainte ùr na h-Alba (SST) an àite nan seann ghabhaltasan tèarainte agus dearbhte gus gabhaltas singilte a sholarachadh fa chomhair gach cuid màladairean ùghdarrais ionadail agus buidhne taighadais, le còirichean nas adhartaiche.

Leugh air adhart gus am faigh thu a-mach tuilleadh mu dheidhinn nan atharraichean sin agus na bhios iad a’ ciallachadh dhut.

Dè a th’ann an gabhaltas tèarainte na h-Alba?

Is e gabhaltas reachdail ùr a tha an seo a thig an àite a' ghabhaltais tèarainte agus dearbhte a tha agad an dràsda.

Bho 30 Sultain 2002, bidh a h-uile màladair ùghdarrais ionadail, buidhne taigheadais (a’ toirt a-steach màladairean a tha nam buill de bhuidhnean co-obrachaidh taigheadais) agus ùghdarrais uisge agus òtraich, air an ainmeachadh mar mhàladairean tèarainte na h-Alba. Tha cuid ann nach bi mar seo, mar eisimpleir, taighean ceangailte (se sin taigh anns am feum thu fuireach air sgàth d’obair). Mur eil thu cinnteach mu do ghabhaltas, bu chòir dhut fios a chur gu d’uachdaran.

De na còirichean a bhios agam nuair a thig gabhaltas tèarainte na h-Alba gu buil?

Bho 30 Sultain 2002, bidh na còirichean a leanas agad.

Tèarainteachd gabhaltais

Chan urrainn do dhuine do chur a-mach as do dhachaidh as aonais òrdugh cùirt.

Co-ghabhaltas

Faodaidh tu fhèin no duine a tha a’ fuireach (no a tha a’ dol a dh’fhuireach) na do dhachaidh agus a tha ga chleachdadh mar an aon dachaidh a tha aca, cur a-steach airson co-ghabhaltas. Feumaidh d’uachdaran aontachadh ris an seo mur eil adhbhar math aca gun seo a dhèanamh.

Còir-sheilbh

Ma bhàsaicheas tu, faodaidh aon de na leanas còir-sheilbh fhaighinn air do ghabhaltas:

- D’fhear pòsda no do bhean phòsda;

- An co-mhàladair eile;

- Do chompanach (fireann no boireann) a bha a’ fuireach còmhla riut co-dhiù fad sia mìosan roimhe seo.

Mur eil duine sam bith gu h-àrd deasaichte no a’ taghadh còir-sheilbh, faodaidh an gabhaltas a dhol gu:

- Ball eile den teaghlach a bha a’ fuireach còmhla riut nuair a bhàsaich thu.

Mur eil duine sam bith gu h-àrd deasaichte no a’ taghadh còir-sheilbh, faodaidh an gabhaltas a dhol gu:

- Neach-cùraim a tha a’ fuireach còmhla riut na do dhachaidh agus a’ leig seachad an aon dachaidh no am prìomh dhachaidh aca airson coimhead as do dhèidh no as dèidh ball den teaghlach agad.

Faodar còir-sheilbh fhaighinn air gabhaltas dà uair. Mar eisimpleir, ma tha dithis ann a tha nan duine is bean agus gur e an duine a tha na mhàladair, ghluaiseadh an gabhaltas gu a bhean an dèidh a bhàis. Ma bhàsaicheas a’ bhean an dèidh làimh, dh’fhaodadh mac no nighean, ma tha iad nan inbhich, còir-sheilbh fhaighinn air a’ ghabhaltas.

Sònrachadh, iomlaidean, fo-ghabhaltas

Faodaidh tu do ghabhaltas atharrachadh gu bhith na fho-ghabhaltas, iomlaid a dhèanamh air do dhachaidh no loidsear a thoirt a-steach. Faodaidh

tu cuideachd do ghabhaltas a shònrachadh (soidhnigeadh thairis) do dhuine sam bith a tha air a bhith a’ fuireach na do dhachaidh mar an aon dachaidh aca co-dhiù fad sia mìosan. Feumaidh tu cuideachd cead sgrìobhte fhaighinn bho d’uachdaran. Chan urrainn dha d’uachdaran cead a dhìùltadh mur eil adhbharan math aige seo a dhèanamh. Bu chòir dhut beachdachadh gu faicealleach mus dèan thu càil sam bith gu h-àrd agus comhairle fhaighinn.

Obair-càraidh

Feumaidh d’uachdaran cuid sònraichte de dh’obair-càraidh beag deatamach a dhèanamh taobh a-staigh ùine ainmichte (is e ‘còir càraidh’ a chanas iad ri seo).

Dìoladh airson obair-leasachaidh

Tha còir agad dìoladh fhaighinn aig deireadh do ghabhaltais fa chomhair seòrsan sònraichte de dh’obair-leasachaidh a rinn thu air do dhachaidh, fhad’s a fhuair thu cead bho d’uachdaran an obair-leasachaidh a dhèanamh 'sa chiad àite.

Fiosrachadh

Feumaidh d’uachdaran cùmhnant gabhaltais sgrìobhte a thoirt dhut, fiosrachadh mu chùrsa gearain d’uacharain agus, mus tòisich do ghabhaltas, fiosrachadh mu chòir ceannaich agus uallaichean sam bith a dh’fhaodadh a bhith ort ma cheannaicheas tu do dhachaidh.

Ma dh’fhaighnicheas tu, feumaidh d’uachdaran fiosrachadh a thoirt dhut mu pholasaidhean air stèidheachadh màil, roinn thaighean, obair-càraidh agus cumail suas.

Conaltradh

Feumaidh d’uachdaran conaltradh a dhèanamh leat, agus suim a ghabhail air do bheachdan, mus tèid poileasaidhean riaghlaidh taigheadais a dh’fhaodadh buaidh mhòr a thoirt ort, a dhealbhadh no atharrachadh, mar eisimpleir, obair-càraidh agus cumail suas, màl agus

cosgaisean seirbheis. Faodaidh buidhnean mhàladairean clàradh len uachdaran agus còir conaltraidh fhaighinn. Faodaidh tu iarraidh air d’uachdaran leth-bhreac de ro-innleachd compàirteachaidh màladair a thoirt dhut, a mhìnicheas ciamar a tha iad dol a shireadh agus a ghabhail suim air do bheachdan.

Còir stiùiridh

Faodaidh thusa agus do nàbaidhean a thighinn còmhla gus co-obrachadh riaghlaidh mhàladair a stèidheachadh agus cùmhnant a ruighinn le d’uachdaran airson bhur dachaidhean fhèin a riaghladh.

An caill mi còirichean sam bith a th’agam an dràsda?

Cha chaill, cha chaill thu gin de na còirichean a tha agad an dràsda. Gu dearbh, bidh cuid de na còirichean a th’agad an dràsda air an neartachadh **agus** gheibh thu cuideachd còirichean ùra. Ma tha còir agad an dràsda do dhachaidh a cheannach, thèid na cùmhnantan a th’agad an dràsda a dhìon cho fad’s a dh’fhuiricheas tu anns an aon dachaidh (seall mu choinneamh).

Am feum mi m’ainm a chur ri cùmhnant ùr gabhaltais?

Air 30 Sultain am bliadhna, thèid an gabhaltas a tha agad an dràsda a thionndadh gu fèin-ghluasadach gu bhith na ghabhaltas tèarainte na h-Alba agus gheibh thu na còirichean iomlan a bhios a’ dol na chois. Cuiridh d’uachdaran fios thugad, tha e glè choltach taobh a-staigh beagan mhìosan, gus d’ainm a chur ri cùmhnant gabhaltais ùr a dh’fhaodadh a bhith a’ toirt a-steach gnothaichean a bharrachd air do ghabhaltas reachdail. A dh' aindeoin sin, chan urrainn dha d’uachdaran còirichean gabhaltais sam bith a tha stèidhichte ann an reachdas atharrachadh. Nuair a chuireas tu d’ainm ris a’ chùmhnant gabhaltais,



mìnichidh d' uachdaran na còirichean agus na h-uallaichean a tha stèidhichte ann.

Dè a th'ann an gabhaltas tèarainte goirid na h-Alba?

Is e seòrsa ùr de ghabhaltas a tha an seo nach fhaod a chleachdadh ach ann an mion-shuidheachaidhean mas ann thairis air ùine bheag a bhios an gabhaltas. Tha na suidheachaidhean far am faodar an gabhaltas tèarainte goirid a chleachdadh air a mhìneachadh ann an reachdas.

Tha na h-aon chòirichean taobh a-staigh an SST goirid 's a tha anns an làn SST. Ach a-mhàin nach eil còir ceannaich ann, chan urrainn còir-sheilbh a thighinn air do ghabhaltas nuair a bhàsaicheas tu agus tha a' chòir a th'agad fuireach na do dhachaidh nas ìsle na bhiodh ann le làn ghabhaltas. Ma thairgeas d' uachdaran SST goirid dhut agus nach eil thu toilichte gu leòr leis, faodaidh tu tagradh a chur a-steach.

Am bi e comasach dhomh mo dhachaidh a cheannach?

Ma bha còir ceannaich agad roimh 30 Sultain am bliadhna, chan atharraich na cùmhnantan a tha agad (a' toirt a-steach leag phrìs agus àm ion-roghnachd) fhad's a chumas tu a' fuireach anns an aon taigh.

Ma tha thu nad mhàladair de bhuidheann taigheadais agus nach eil còir ceannaich agad an dràsda, dh'fhaodadh tu sin a chosnadh anns an àm ri teachd. Ged nach bi e ceadaichte dhut do dhachaidh a cheannach airson suas ri deich bliadhna, cunntaidh an ùine a chaitheas tu ann an gabhaltas iomchaidh a dh'ionnsaidh d'airidheachd agus leag phrìs.

Cha bhi e comasach dhut do dhachaidh a cheannach bho d' uachdaran ma tha thu nad mhàladair de:

- bhuidheann taigheadais carthannach a bha na charthannas clàraichte air a stèidheachadh roimh 18 Iuchar 2001 (mur robh còir ceannaich agad roimh 30 Sultain 2002 no mur eil còir ghlèidhte agad gus ceannach an dèidh stoc a chur a-null);
- bhuidheann taigheadais cho-obrachaidh;
- bhuidheann taigheadais le nas lugha na 100 taigh; no
- Sgeama taigheadais buidhne dhaibhsan aig a bheil feumalachdan sònraichte.

Ma chosnas tu còir do dhachaidh a cheannach airson a' chiad uair air no an dèidh 30 Sultain 2002, no ma roghnaicheas tu gluasad gu dachaidh eile an dèidh a' chinn-latha seo, gheibh thu a' chòir ceannaich ùr. Airson a bhith airidh air còir ceannaich ùr, feumaidh tu a bhith anns an taigh fad còig bliadhna gun sguir agus se 35% no £15,000, ge bith dè as lugha, an leag phrìs as motha a gheibh thu.

Ma tha thu mì-chinnteach a bheil còir ceannaich agad no mu dheidhinn nan cùmhnantan a tha na chois, bu chòir dhut fios a chur chun uachdarain agad an toiseach.

Faodaidh tu bileagan fa-leth mu "Do chòir air do Dhachaidh a Cheannach", " Sgeama Dìolaidh airson Leasachadh" agus "Sgeama Còir air Obair-càraidh" fhaighinn bho d' uachdaran no bho:

Riaghaltas na h-Alba,
Taigheadas 2:3,
Roinn 1-G,
Cidhe Bhictoria,
Dùn Èideann EH6 6QQ.
Fòn: 0131 244 2105
www.scotland.gov.uk
post dealan: housing.information@scotland.gsi.gov.uk

Alternative formats and community language versions of this leaflet are available on request from the Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinburgh EH6 6QQ Tel: 0131 244 2105. The leaflet can also be viewed on the Scottish Executive website at www.scotland.gov.uk

Tha cumaidhean atharraichte agus dreachan den bhileag seo ann an cànanan coimhearsnachd ri fhaighinn le iarrtas bho Riaghaltas na h-Alba, Taigheadas 2:3, Roinn 1-G, Cidhe Bhictoria, Dùn Èideann EH6 6QQ Fòn: 0131 244 2105. Faodar a' bhileag fhaicinn cuideachd air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig www.scotland.gov.uk

نسخة أخرى بصيغ بديلة وبلغات الجماعات السكانية من هذه النشرة متوفرة عند الطلب من التنفيذية الإسكتلندية، Scottish Executive، Housing 2:3، Area 1-G، Victoria Quay، Edinburgh EH6 6QQ هاتف: 0131 244 2105. وبالإمكان الإطلاع على هذه النشرة في موقع التنفيذية الإسكتلندية على الإنترنت www.scotland.gov.uk

Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinburgh EH6 6QQ ফোন: 0131 244 2105 এ অনুরোধক্রমে এই প্রচারপত্রের বিকল্প আকার ও কমিউনিটি ভাষার সংস্করণ পাওয়া যায়। স্কটিশ এক্সিকিউটিভ-এর ওয়েবসাইট www.scotland.gov.uk এও প্রচারপত্রটি দেখা পাওয়া যায়।


इस पत्रक की आवृत्ति का अनुवाद अन्य तरीकों और कम्प्यूटि भाषाओं में निवेदन करने पर स्कॉटिश इज्जेक्यूटिव हाउसिंग Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinburgh EH6 6QQ से मिल सकता है। टेलीफोन: 0131 244 2105। इस पत्रक को स्कॉटिश इज्जेक्यूटिव वेबसाईट www.scotland.gov.uk पर भी देख सकते हैं।

ਇਸ ਪਤੇ ਤੋਂ ਮੰਗੇ ਜਾਣ 'ਤੇ ਇਹ ਪਰਚੀ ਵਿਕਲਪਕ ਰੂਪਾਂ ਵਿਚ ਅਤੇ ਕੰਮਿਊਨਿਟੀ ਭਾਸ਼ਾਵਾਂ ਦੇ ਵਿਚ ਮਿਲ ਸਕਦੀ ਹੈ: Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinburgh EH6 6QQ, ਟੈਲੀਫੋਨ: 0131 244 2105. ਇਸ ਪਰਚੀ ਨੂੰ ਸਕੌਟਿਸ ਐਕਜ਼ੀਕਿਊਟਿਵ ਦੀ ਵੈਬਸਾਈਟ www.scotland.gov.uk 'ਤੇ ਵੀ ਦੇਖਿਆ ਜਾ ਸਕਦਾ ਹੈ।

如果需要本手冊的其他形式或語言版本，請向蘇格蘭行政院索取，位址是：Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinburgh EH6 6QQ；電話：0131 244 2105。也可以到蘇格蘭行政院的網站上瀏覽本手冊：www.scotland.gov.uk

Scottish Executive, Housing 2:3, Area 1-G, Victoria Quay, Edinbùrgh EH6 6QQ، ٹیلی فون: 0131 244 2105 سے دستیاب ہے۔ اس ایف لیٹ کو سکاٹش ایگزیکٹیوکی ویب سائٹ www.scotland.gov.uk پر بھی دیکھا جاسکتا ہے۔

Astron B26672



Gabhaltas Tèarainte na h-Alba Bileag airson Màladairean

GAELIC

